

6 NIOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh innse far an deach an lolaire fodha agus mìneachadh dè as coireach gu bheil carragh-cuimhne ann an-diugh.

Tadhail air làrach carragh-cuimhne nan seòladairean a bha san tubaist bhàsmhor seo agus tog dealbhan.

'S urrainn dhomh na thachair air 31 Dùblachd/1 Am Faoilleach a chur ann an òrdugh.

Sgrìobh cunntas mu na thachair air an oidhche sin

- Thoir iomradh air na priomh thachartasan bho dh'fhalbh iad às a' Chaol gus an robh cuirp nam marbh nan sineadh air a' chladach.
- Cùm ri firinnean na sgeòil.
- Taisbean do chunntas ann an dòigh freagarrach.

'S urrainn dhomh innse mar a chaidh 40 duine a shàbhaladh bhon lolaire

- Leugh cunntas lain MhicLeòid mun làmh a bh' aige fhèin san obair-teasairginn.
- Tagh priomh phuingean a' chunntais.
- Lorg na pìosan a tha a' toirt barrachd iomraidi air mar a bha e a' faireachdann.

'S urrainn dhomh bonn gaisgeachd a dhealbhachadh dhan fheadhainn a bh' air bòrd

- Dèan rannsachadh air nithean eachdraidheil a bha rim faighinn aig an àm seo.
- Smaoinich mun àm seo ann an eachdraidh agus dealbhaich bonn a bhiodh freagarrach.

Tha co-fhaireachdann agam ris na daoine air an tug an tubaist bhàsmhor seo buaidh.

Sgrìobh aithris leabhar-latha, stèidhichte air 2na Am Faoilleach 1919 nuair a bha pàiste a' feitheamh ri bràthair a thighinn dhachaigh air an lolaire/seòladair a' tighinn dhachaigh agus a fhuair às beò.

- Sgrìobh nad leabhar-latha ann an doigh a tha freagarrach.
- Thoir cunntas air mar a bhiodh am pàiste a' faireachdann.



CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Dè mar a tha thu a' smaoineachadh a bha lain F MacLeod a' faireachdann an dèidh dha na daoine eile a shàbhaladh?

Dè na priomh thachartasan a dh'adhbhraich gun deach an lolaire fodha?

Dè na priomh thachartasan a dh'adhbhraich gun deach daoine a shàbhaladh an dèidh an lolaire a dhol fodha?

Dè mar a bhiodh an caractar agadsa a' faireachdann rè na bha a' gabhail àite?

Cò, san latha an-diugh a tha air bonn gaisgich fhaighinn is cò ris a tha e coltach?

Dè na stuthan a chleachdadhe iad airson a' bhuiinn a dhèanamh is Carson?

IONNSACHADH 6 NIOMHACH

Cruthaich sgeidse ghoirid stèidhichte air a' phios sgriobhaidh leabhar-latha aig na sgoilearan agus cuir air an àrd-ùrlar e air beulaibh luchd-amhairc.

- Sgrìobh sgriobt ghoirid, a' cleachdadhe charactaran an leabhar-latha.
- Ullaich an t-àrd-ùrlar, na stuthan taice is na h-aodaichean airson na sgriobt.
- Ann am buidhnean beaga, dèanaibh an drama seo air beulaibh luchd-amhairc.

EACHDRAIDH

ÈOLASAN IS BUILEAN

'S urrainn dhomh taghadh priomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.

SOC 2-01a

'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a-mach mar a tha tachartasan àraidih no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h Alba.

SOC 2-03a

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

www.comunneachdraidhnis

<http://www.bbc.co.uk/alba/tbh/iolaire/>

<https://www.youtube.com/watch?v=F6mr0m7g6ao>

<http://eachdraidhnis.org/content/>

<https://www.youtube.com/watch?v=MKHxmg6PwDU>

<http://www.greatwar.co.uk/medals/ww1-campaign-medals.htm>



e-stòras



DÉPARTEMENT DU GERS



Erasmus+